

Ged 's ann air 'gràdh' a tha e a' bruidhinn chan eil a' bhàrdachd a' leantainn mar a bhiodh dùil.

'S ann à òran a thàinig na facail seo. 'Se smuain chuidgein eile a tha seo.

Abairt à cànan na h-eaglaise

**Bho A' Dràibheadh ann an Amerieaga le Julian Ronay
(Smeòrach mi, t.d. 125)**

Tha gràdh agam air Los Angeles.

Deanamaid adhradh do L.A., a h-uile latha ann an càraichean, le ceòl binn a' tighinn bhon rèidio.

Chan eil sinn a' creidsinn ann an riaghailtean is òrdugh.

Feuchaidh sinne nì sam bith,

Chan eil ùghdarras aig pàrantan is tidsearan.

Chan eil fhios againn cò iad ach gu bheil iad uile a' creidsinn san aon rud - mar phàirt den aon 'chult'.

mar bheathach, beò an dràsta, gun chomas smaoineachadh. 'S ann mar chreutairean a tha iad, mar phàirt den treud.

Liostaichean - air an cuir an cèill ann an sreathan choma, thioram, àbhaisteach,.

Toirt a-steach oirnn nach eil càil seasmhach no cinnteach nam beatha, am beatha a' dol seachad orra.

Tha mi dèidheil air bùithean, càraichean is partaidhean

Gun 'stuthan' is 'corparrachd' bhiomaid falamh,

Aonarach le smuaintean, marbhant is neo-thruaillichte.

Thoir dhomh fuil, bram is feòil.

Gabhaidh mi dolairean, cèiseagan, càraichean ùra 's gàireachdainn

Chan eil meomhairean agam's chan eil mi gan iarraidh.

Seo sanas air firinn eile.

Tha na h-ascairean a' toirt tuairmse air smuaintean leisg is neo-choileanta.

Tha am buadhair 'neo-thruaillte' a' toirt a-steach oirnn cho beag eòlas a th'aca air saoghail eile no cultaran eile.

Tha meòmairean gad cheangal ri do bheatha, ri daoine, ri àite is ri cultar.

Tha iad coma ach airson iad fhèin a shàsachadh. Tha iad ag innse mun taghadh aca ach an e taghadh a th'ann?

- Cuspair is
- Dealbh sìmplidh ach èifeachdach de ghinealach gun cheangal is gun chultar is gun dleasdanas.
 - Ged nach eil càil air a radh mu cultaran eile, chaidh a sgrìobhadh 'sa Ghàidhlig. A bheil càil aig a' bhàrd ri radh ruinn mu ar cultar fhèin?